

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

Bòrd na Gàidhlig air Ceannard ùr fhadastadh

Na cleachd seo ro 1600, Diluain 14 Ògmhios

Tha Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann leasachaidh ann an Alba le uallach airson brosnachadh agus adhartachadh na Gàidhlig air Iain Aonghas MacAoidh fhadastadh mar Cheannard ùr. Bidh Mghr MacAoidh, a tha an dràsta na Chathraiche air Bòrd Slàinte nan Eilean Siar, agus na Bhall air Bòrd na Gàidhlig, a tòiseachadh san dreuchd ùr aige air 1mh Sultain.

Thuirte Cathraiche a' Bhùird, Art MacCarraig: “Tha sinn air leth fortanach cuideigin leithid Iain Aonghais fhaighinn leis an eòlas a th’ aige air saoghal na Gàidhlig agus cuideachd na diofar raointean dhen t-saoghal phoblach anns an robh e air a bhith an-sàs eadar craoladh agus seirbheis na slàinte. Tha e a’ toirt grunn sgilean sònraichte thugainn a bhios air leth feumail aig àm a tha an dà chuid adhartach agus dùbhlach do shaoghal na Gàidhlig. Bidh e a’ togail air na leasachaidhean a tha sinn air a bhith a’ moladh agus a’ cur air adhart tron phlana airson àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh *“Ginealach Ùr na Gàidhlig”*, agus a gabhail an uallaich airson a bhith a’ co-òrdanachadh na tha am Bòrd a’ dèanamh an co-bhuinn ri buidhnean eile leithid ùghdarrasan ionadail, Riaghaltas na h-Alba fhèin agus MG Alba. Tha e ann an suidheachadh air leth sin a dhèanamh leis an eòlas agus gach sgil a th’ aige agus tha fiughair againn a nis ris a’ Bhòrd a bhith a’ gluasad air adhart gu ìre obrach ùr eile le adhartas agus misneachd.”

Tha Riaghaltas na h-Alba air fàilte a chur air an naidheachd. Thuirte Ministear na Gàidhlig Fiona Hyslop: “Tha mi a’ cur fàilte air an naidheachd gu bheil Iain Aonghas MacAoidh gu bhith na Cheannard air Bòrd na Gàidhlig. ‘S e deagh naidheachd a th’ann agus tha mi

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



cinnteach gum bi buannachd ann dhan Bhòrd gu bheil leithid de dh'eòlas aige air beatha phoblach na h-Alba agus saoghal na Gàidhlig."

"Tha fhios agam gu bheil Mghr MacAoidh air an aon ràmh ri Riaghaltas na h-Alba a-thaobh a bhith dùrachdach agus adhartach nar gnothach a thaobh na Gàidhlig agus tha fiughair agam a bhith ag obair còmhla ris mar a ghabhas sinn ceumannan eile."

Thuir Mghr MacAoidh: "Tha fios agam gu bheil dùbhlain mu choinneamh Bhòrd na Gàidhlig sna bliadhnaichean a tha ri teachd, ach tha cothroman againn cuideachd, agus 's math is fhiach an t-adhbhar an saothair a tha ri dhèanamh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba. Tha mi a' coimhead air adhart ri bhi ag obair còmhla ri sgioba is Buill Bhòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba is gach neach is buidheann fa-leth mar chompàirteachas ann a bhith a' leudachadh an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh is a' cleachdadh na Gàidhlig, agus gu fàilte a chur air na daoine a tha ag iarraidh tighinn as-ùr gar cuideachadh san obair sin."

A-measg nan dreuchd agus gnothaichean anns an robh Mghr MacAoidh an-sàs roimhe seo bha e na Stiùiriche air Comunn na Gàidhlig agus Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus bha e cuideachd air fhadhadh aig diofar amannan ann an saoghal margaidheachd agus leasachadh. Bha e cuideachd na thidseir.

Tha e air a bhith na Chathraiche air Bòrd Slàinte nan Eilean Siar bho Ghearran 2007. Bidh Mghr MacAoidh a leigeil dheth a dhreuchd mar Cathraiche a' Bhùird Slàinte ann an àm son an dreuchd ùr a ghabhail air 1mh Sultain.

A' chrìoch

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Fiosrachadh do luchd-deasachaidh:

Cha bhi Mghr MacAoidh ann an suidheachadh agallamh a dhèanamh air gnothaichean co-cheangailte ris an dreuchd ùr aige gu 1 Sultain ach tha cothroman ann agallamh a dhèanamh leis a' Chathraiche Art MacCarraig.

Tha dealbh de Mghr MacAoidh an cois an t-sanais seo a dh'fhaodas sibh a chleachdadh.

Airson barrachd fiosrachaidh mu na th'anns an naidheachd seo, cuiribh fios gu Uisdean MacIllInnein air 0751 528 7040 no gu uisdean@gaidhlig.org.uk; no gu Shona Sloan air shona@gaidhlig.org.uk no 0750 009 9394 .

Gheibhear cuideachd an dithis aca tro oifis Bhòrd na Gàidhlig air 01463 225454
Foillsichte: Diluain, Ògmhìos 14, 2010

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Bòrd na Gàidhlig appoints new Ceannard (CEO)

Embargo: Not for use before 1600, Monday June 14

Bòrd na Gàidhlig, the principal public body in Scotland promoting and developing Gaelic has appointed John Angus MacKay from Lewis as its new Ceannard (Chief Executive). Mr MacKay, who is currently Chairman of the Western Isles Health Board and a member of Bòrd na Gàidhlig, will take up his new duties on September 1.

Arthur Cormack, Cathraiche (Chair) of Bòrd na Gàidhlig said: “The Bòrd is very fortunate to secure the services of such a highly experienced individual, with wide experience of Gaelic development and a wider knowledge of public affairs and operating environments such as broadcasting and the health services. He brings a number of specific skills to the Bòrd which will be extremely useful at a time when the future for Gaelic is hugely challenging and at the same time offering significant opportunities. John Angus will pick up the pace of implementation of our recently published operating document *“Ginealach Ùr na Gàidhlig,”* which aims to create a new generation of Gaelic speakers and he will be taking forward the work we are doing in collaboration with other agencies such as local authorities, the Scottish Government and MG Alba. He is very well placed to deliver on our aspirations because of his wide range of experience and expertise in various fields. I look forward to working with him as we take the Bòrd’s work in securing a sustainable future for Gaelic to new levels.”

Minister for Gaelic Fiona Hyslop MSP said: “I welcome the appointment of John Angus MacKay as the new Chief Executive of Bòrd na Gàidhlig. This is good news and I am confident the Bòrd will benefit from his wealth of experience in Scottish public life and in Gaelic matters.”

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



"I know Mr MacKay shares our ambitious agenda for Gaelic in Scotland and I look forward to co-operating with Mr MacKay as we make further progress."

Mr MacKay said: "I know that Bòrd na Gàidhlig faces challenges in the years ahead, but we have opportunities also, and the cause is well worth the effort to be made in communities throughout Scotland. I am looking forward to working in partnership with the staff team and members of Bòrd na Gàidhlig, the Scottish Government, individuals and organisations involved in increasing the numbers of people who learn and use Gaelic, and to welcoming people who want to join us in this work."

Amongst Mr Mackay's previous roles in Gaelic affairs and public life have been Director of Comunn na Gàidhlig and Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, the Gaelic Media Service and he has also been employed at various times in marketing and development roles throughout Scotland. He also spent some time as a teacher.

He has been Chair of the Western Isles Health Board since February 2007. Mr MacKay will be completing his commitments with the Western Isles Health Board in time to take up his new post at Bòrd na Gàidhlig on September 1.

Ends

Information for editors

Mr MacKay will not be available for interview on matters relating to his Bòrd na Gàidhlig post until he takes up office on September 1, 2010. The Bòrd Cathraiche (Chair) Arthur Cormack will be available for comment through the usual channels.

A photograph of Mr MacKay is attached to this News Release for your use and files. For further information on the contents of this news release, please contact Hugh Dan

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



MacLennan on 0751 528 7040 or uisdean@gaidhlig.org.uk; or Shona Sloan on shona@gaidhlig.org.uk or 0750 009 9394.

They can both be contacted through the Bòrd office on 01463 225454
Issued: Monday, June 14, 2010